



**We are all
Treaty People**

**Muiuatmu'kl msit
kinu Ankukam-
kowe'l**

**Les traités nous
concernent tous**

**Is luchd-
cùmhnaint sinn
uile**

Gu dé th'ann am Foghlum-cùmhnaint?

Tha sreathan do chùmhnantan eachdraidheil aig Albainn Nuaidh leis na Mi'kmaq a' dol air ais gu na 1720an. Tha na cùmhnantan seo, aithnichte mar Chùmhnantan na Sìthe is a' Chàirdeis fhathast an gnìomh 's an là an-diugh. Uairean ged tà, chaidh na cùmhnantan seo a dhiùltadh air neo cha deach feart a chur orra ré an ama a dh'fhalbh ann an Albainn Nuaidh.

'S ann am Foghlum-cùmhnaint, sreath do phrógram agus sheirbhisean a bhios

- a' cuideachadh sgoilearan Albainn Nuaidhe, luchd-obrach na seirbhise poblach, agus buill an t-sluaigh choitchinne gus tuilleadh ionnsachadh mu chultur nam Mi'kmaq, mu' r n-eachdraidh an cumantas, agus mu chuideam Cùmhnantan na Sìthe agus a' Chàirdeis
- a' mìneachadh mar a bha na cùmhnantan 'nam prìomh bhlocaichean-togail do dh'Albainn Nuaidh is do Chanada; mar a chaidh an dhiùltadh 's an àm a dh'fhalbh, is an toradh 's an là an-diugh
- a' cuideachadh Ùr-Albannaich gus an sgrìob fhada a dh'ionnsaidh réiteachaidh a thòiseachadh.

Air a' chiad là dhen Dàmhair, 2015, chaidh làmh-sgrìobhainn a chur air còrdadh eadar Mór-roinn agus Mi'kmaq na h-Albainn Nuaidhe a chruthaich com-pàirteachas ùr is e air ainmeachadh, Foghlum-cùmhnaint na h-Albainn Nuaidhe. Tha an còrdadh an geall ri bhi a' teagasg Foghlum-cùmhnaint anns gach uile seòmbar-clasa, anns gach ìre agus ann an sgoiltean thar na h-Albainn Nuaidhe, chan ann dìreach anns an fheadhainn Mhi'kmaq. Tha e a' dèanadh cinnteach gu faigh am mór-shluagh agus an roinn-phoblach toradh á Foghlum-cùmhnaint.

Mu'n Iùl Seo

Bheir an t-iùl seo àrd-shealladh aithghearr dhuibh dhe na ceithir ceistean a bhios a' stiùireadh na h-obrach aig Foghlum-Cùmhnaint na h-Albann Nuaidhe:

Có th'anns na **Mi'kmaq**, *gu dé 'n eachdraidh aca*, agus có th'unnta 's an là an-diugh?

1. Có na cùmhnantan is carson a tha iad cudthromach?
2. Gu dé dh'éirich do chàirdeas a' chùmhnaint? (Ciamar is carson a chaidh cùmhnantan a dhiùltadh?)
3. Gu dé tha Alba Nuadh a' dèanadh gus air n-eachdraidh an cumantas a réiteachadh gus ceartas is co-ionnannachd a dhèanadh cinnteach?

Bheir an t-iùl seo fiosrachadh air

- gu dé an driachd a 's urrainn dhut gabhail ann an réite
- briathran is gliocas an airson pàirt a ghabhail ann an tachartasan agus deas-ghnàthan
- fionn-sgeòil is fìrinnean mu na Mi'kmaq

1. Có th'anns na Mi'kmaq, gu dé 'n eachdraidh aca, agus có th'unnta 's an là an-diugh?

'S e na Mi'kmaq na tùsanaich a tha ri'm faighinn ann am Mi'kmaq'i. Tha Mi'kmaq'i a' toirt a-staigh na th'air aithneachadh mar Albainn Nuaidh, Eilean Eòin, Cuibig (Rubha Gaspé), Bronsuic Nuaidh (mu thuath do dhruim-uisge Bhaile Eòin), ceàrnan Talamh an Éisg is Labradoir, agus ceàrnan Mhaine.



Ceàrnan nam Mi'kmaq Dé is ciall dhaibh?

- | | |
|-------------------------|--|
| 1. Unama'ki aq Ktaqmkuk | Tìrean a' cheathaich agus tìr thar an uisge |
| 2. Epekwitk aq Piktuk | 'Na laighe anns an uisge agus 'na Àite Spreadhaidh |
| 3. Eskikewa'kik | Tìr an t-Seicheadair |
| 4. Sipekne'katik | Far am bi am bùntata-fiadhain a' fàs |
| 5. Kespukwik | Sruthadh mu dheireadh |
| 6. Sikniht | Àite traoghaidh |
| 7. Kespek | Tìr aig a' chrìch |

A-réir deiteadh-carboin nam ball-ceàirde às an làraich, Mi'kmawey Debert, tha na Mi'kmaq air a bhi friamhaichte ann am Mi'kma'ki fad còrr is 13,000 bliadhna.

- Fad linntean, shiubhladh na Mi'kmaq air feadh na tìre, a' cur gu feum is a' tuigisinn beairteas Mhi'kma'ki – na lusan, fia-bheòthaichean, dromannan-uisge, siostaman-aibhne aice a tha eadar-cheangailte, agus an clach-eòlas a chruthaicheas an cruth-tìre.
- 'S ann stéidhichte ann an gnìomhairean a tha a' Mhi'kmaw is i a tha air a suidheachadh a dh'ionnsaidh ghnìomhan is chàirdeasan anns an t-saoghal nàdarra. Ged a tha an càirdeas seo a' sìor ghné-fhàs agus ag atharrachadh, bidh a' Mhi'kmaw a' toirt seachad rathad far an tuig an càirdeas cultural is èic-eòlach air an leth a-staigh do Mhi'kma'ki. 'S e seo a bhios a' dèanadh a' chànain co-fhillte is sruthach ged tà.

Chan ann co-ionnan 's a tha gach duine Mi'kmaq. Feumaidh sinn cuimhne a chumail air ar ro-bheachdan a thaobh na tha sinn a' smaoinneachadh mu choltas nam Mi'kmaq – ann an dreach is guth – agus mar a bhios iad 'gan giùlan fhéin. 'S ann àraid agus bòidheach 'nan doighean fa leth a tha gach neach, teaghlach is coimhearsnachd.

Tha am facal **Mi'kmaq** (*meeg-gah-mah*) a' tighinn o'n bhun-fhacal **Ni'kmaq** (*nee-gah-mah*) is e a' ciallachadh mo luchd-dhàimh. 'S e facal iomarra a th'ann is e a tha a' toirt iomradh air a' bhuidhinn 's an fharsuingeachd air neo air an treubh choitcheann. Cha téid Mi'kmaq a chur gu feum mar bhuadhair, is chan e ainmear singilte a th'ann.

- **Mi'kmaq:** *Bidh Mi'kmaq a' dol dha'n sgoil seo. Tha Mi'kmaq a' fuireach 's an tìr seo.*

Tha am facal **Mi'kmaw** (*meeg-gah-maw*) a' tighinn o'n bhun-fhacal Mi'kmaq. Théid a chur gu feum mar ainmear singilte air neo bhuadhair ged tà.

- **Mi'kmaw 'na fhacal singilte:** *'S e Mi'kmaw a th'ann. 'S e Mi'kmaw a th'unnam.*
- **Mi'kmaw 'na fhacal buadhaireach:** *A' choimhearsnachd Mhi'kmaw. Mi'kmaw Mawio'mi.*

'S e facal àrsaidh a th'ann an **L'nu** (*ull-new*) a tha a' gabhail taobh **Nilnu** (*nil-new*), is e a' ciallachadh mo theanga, air neo mo chànan. 'Na ghiorrad, tha L'nu a' toirt iomradh air "na daoine", m.e., na daoine a bhios a' bruidhinn an aona chànan. Coltach ris an fhacal Mi'kmaw, 's e ainmear singilte air neo buadhair a th'ann an L'nu.

- **L'nu 'na fhacal singilte:** *'S e L'nu a th'ann. 'S e L'nu a th'unnam. Chan eil ach aon L'nu anns an t-seòmar.*
- **L'nu 'na fhacal buadhaireach:** *Tha bean L'nu aice. A' choimhearsnachd L'nu. L'nu Mawio'mi.*

L'nu'k: (*ull-new-k*) 'S e an iolra do L'nu a th'ann an L'nu'k. Cha téid a chur gu feum mar ainmear singilte air neo mar bhudhair a chaidh. Tha e a' toirt iomradh air a' bhuidhinn 's an fharsuingeachd a bhios a' bruidhinn na h-aona teanga, m.e. chànan.

- **L'nu'k:** *Bidh L'nu'k a' dol dha'n sgoil seo. Tha L'nu'k a' fuireach anns an tìr seo.*

Dh'fhaodadh L'nu agus L'nu'k a bhi air an cur gu feum gu co-iomlaideach leis na faclan Mi'kmaw agus Mi'kmaq. Chan ann an L'nu agus L'nu'k faclan A THÉID A CHUR AN ÀITE NAM FACLAN, Mi'kmaw agus Mi'kmaq.

Thro chultar, chànan agus eachdraidh, tha na Mi'kmaq càirdeach dha na Wolastoqiyik (Maliseet), Abenaki, Innu, Passamaquoddy, and Penobscot, cho math ri nàiseanan eile na h-Algonquianais. Tha An Co-Chaidreabh Wabanaki a' gabhail a-staigh nan/nam Abenaki, Mi'kmaq, Passamaquoddy, Penobscot, agus Wolastoqiyik is e a tha air aithneachadh mar "Daoine na Maidne Moich".

'Na Cho-Chaidreabh, rinn na Mi'kmaq cùmhnantan ri nàiseanan eile fada mu'n d'thàinig an luchd-tuineachaidh. Bha na cùmhnantan traidiseanta seo dèanta air grìogagan a chruthaich ìomhaighean is dhealbhan, a bhiodh 'nan garbh-innse dha na h-aontaidhean an lùib a' chùmhnaint. Aithnichear na cùmhnantan seo mar **L'napsku'l** – wampums.

2. Cò na cùmhnantan is carson a tha iad cudthromach?

Eadar 1725 agus 1779, chuir a' Bhreituinn a h-ainm-sgrìobhte ri sreath do chùmhnantan (aithnichte mar Chùmhnantan na Sìthe is a' Chàirdeis) leis na Mi'kmaq.

'S e aonta diùbhainte a th' ann an cùmhnant. Nuair a bhios dà bhuidheann a' cur an ainm-sgrìobhte ri cùmhnant, bidh iad a' dèanadh shìor-gheallaidhean a bhios 'nam buannachd dha'n dà bhuidhinn.

Ann an Cùmhnantan na Sìthe agus a' Chàirdeis, gheall na Breituinnich agus na Mi'kmaq

- gun cuireadh iad crìoch air na nàimhdeasan a bh'air a bhi a' dol air adhart eadarrra
- nach rachadh iad dha'n chogadh an aghaidh a chéile
- gum biodh iad ri malairt ri chéile

Chuir na Breituinnich is na Mi'kmaq ainm-sgrìobhte ri – mar a chainte ris aig àmannan - Cùmhnant Haileafaics (Cùmhnant na Sìthe is a' Chàirdeis, 1760-61) aig deas-ghnàth do Thìodhlachadh na Tuaighe air a' 25mh là dhe'n Òg-mhìos, 1761.

Tha na cùmhnantan cudthromach airson nan geallaidhean a chaidh a dhèanadh agus iad a tha nas cudthromaiche tuilleadh airson a' chàirdeis bhrìghmhoire a chruthaich iad eadar na Breituinnich agus na Mi'kmaq. **Tha Cùmhnantan na Sìthe agus a' Chàirdeis 'gam fantainn gu daingeann suas chon an là an-diugh.**

3. Gu dé dh'éirich do chàirdeas a' chùmhnaint? (Ciamar agus carson a chaidh na cùmhnantan a dhiùltadh?)

Anns na 1780an, thòisich na Dìlsich air ruigheachd ann an Albainn Nuaidh. 'S e luchd-colonachd Aimeireaganach a bh'unnta a bha dìleas do Chrùn na Breituinne - air neo iad a shabaid air a son -ré an Aramaich Aimeireaganaiche.

Chruthaich ruigheachd tuilleadh luchd-tuineachaidh suidheachadh diofrach eadar na riaghaltasan colonaidheach agus na Mi'kmaq; am fear a bu chudthromaiche b'e siod cnàmh toicheumach dhe na ciallan a bh'ann an deis-meadhon cùmhnantan na Sìthe agus a' Chàirdeis.

Anns an 19mh linn, ghluais an Riaghaltas Canéideanach Tùsanaich gu roinnean do thalamh ris an abrar, crìochan a bha fada na bu lugha na na tìrean tùsail aca. Bha seo a' cur air chomas do Riaghaltas Chanada smachd a ghlacadh do ghach uile rud dhen bhith-beò a bh'aig na Tùsanaich, a bheireadh a-staigh an càirdeas ris an talamh is an fhéin-aithne aca.

Thòisich na tachartasan seo, is feadhainn eile, ùine fhada do dh'àicheadh ann an Albainn Nuaidh mu shusbaint nan cùmhnantan. Lean seo air pìos math a-staigh dha'n 20mh linn.

Comharraichidh an uimhir laghan, phoileasaidhean agus chleachdaidhean an t-àm dochainneach seo ann an eachdraidh Chanada, a' toirt a-staigh, ach nach eil cuibhrichte dha na leanas:

- Achd Thoicheumach na Sìobhaltachd (1857). Air neo 'ga h-aithneachadh mar Dhiomhagad, 's e is ciall dha'n achd seo gun d'thug Tùsanach fairis am féin-aithne Thùsanach is an comas a bhi a' fuireach air a' chrìch nam bhòtadh iad, nam faigheadh iad foghlum, nan obraicheadh iad far na crìche, nam b'urrainn dhaibh leughadh na sgrìobhadh, nan rachadh iad 's an arm na nam pòsadh boireannaich fireannaich nach robh 'nam Fireannaich Thùsanach aig a' robh Inbhe.
- Achd nan Innseanach (1876)
- Siostam a' Phais (1885)
- Meadhonachadh ann am Mi'kma'ki (1916)
- Galaran-sgaoilte, a' toirt a-staigh a' chaitheimh, a' ghalair bhrice, an fhiabhrais bhallaich, na buinniche-móire, a' chnatain-mhóir
- Poileasaidhean leth-bhreitheach a bha fhathast a' dol a' cuingeachadh cosnadh, foghlum is iad a bha a' toirmeasg Thùsanach bho thighinn cruinn còmhla gus deasbad a dhèanadh mu na còirichean aca na bho chleachdadh thachartasan culturail coltach ri dannsaidhean agus òrain.

- Na Sgoiltean-Còmhnaidh (1930-1997), a’ toirt a-staigh Sgoil-Chòmhnaidh Shubenacadie ann an Albainn Nuaidh a dhùin ann an 1967.
- Poileasaidh na Bileige Bàine aig Riaghaltas Chanada (1969)
- Toirt Air Falbh na Cloinne Tùsanaiche (anmoch ‘s na 1950an a-staigh dha’n na 1980an)

4. Gu dé tha Alba Nuadh a’ dèanadh gu réiteachadh ar n-eachdraidh an cumantas gus ceartas is cothromas a dhèanadh cinnteach?

‘S ann aig cridhe nan oidhripean réiteachaidh ‘s an là an-diugh a tha droch-bhuaidhean mairsinneach linn diùltadh a’ chùmhaint.

Chuir Coimisean na Fìrinne agus na Réite (CFR) sia bliadhna seachad is e a shiùbhail gu gach ceàrn Chanada a bhi a’ cluinntinn bho na Tùsanaich, a chaidh, mar chloinn, a thoirt o na teaghlachan aca is iad a chaidh an cur ann an sgoiltean-còmhnaidh.

Ann an 2015, leig CFR mu sgaoil 94 gairmean-gnìomha is iad a bha a’ cur prìomhachas air réiteachadh a thogail eadar Canéideanaich agus Tùsanaich. Rinn CFR a-mach gur e “sgrios-cinnidh culturail” a bh’ann an siostam nan sgoiltean-còmhnaidh a chionn ‘s gun do spàrr e air Tùsanaich thar Chanada an cultur a thoirt fairis fo phoileasaidh feadarail a bha ‘na rùn a bhi “a’ marbhadh an Innseannaich ‘na leanabh”.

Dh’fhairich ginealach mu seach buaidhean a’ mhór-chiùrraidh seo is tha Tùsanaich thar Chanada ‘ga fhaireachdainn fhathast suas chon an là an-diugh.

A dh’aindheoin droch-bhuaidhean a’ cholonachaidh, nan sgoiltean-còmhnaidh, agus a’ cho-choslachaidh a chaidh a sparradh orra, tha Mì’kmaq ann an iomadh coimhearsnachd ag obair gu cruaidh gu leigheas agus gu leanaid orra a bhi a’ bruidhinn a’ chànain aca is a bhi a’ cumail nan cleachdaidhean traideasanta aca.

Tha Foghlum-cùmhnaint a' cur prìomhachas air a bhi a' togail: tuisge nam Mi'kmaq, còirichean dualach Tùsanaich, aithneachadh Cùmhnantan na Sìthe is a' Chàirdeis mar aontaidhean eachdraidheil a tha beò, agus a bhi a' leanaid air leis a' chàirdeas eadar na Mi'kmaq agus sluaghan uile na h-Albann Nuaidhe. Tha e a' cruthachadh chothroman a bhi ag ionnsachadh mu na chuir na Mi'kmaq ri Albainn Nuaidh agus mu na cùmhnantan mar bhlocaichean-togail na h-Albann Nuaidhe is Chanada. Le bhi a' cruthachadh iomairt airson Foghlum-Cùmhnaint, tha Mi'kmaq is com-pàirtichean roinneil air a bhi a' dol an sàs ann an caochladh ghnìomhan agus thachartasan gus ar càirdeas a réiteachadh.

Bha tachartas-réiteachaidh cudthromach ann air an t-16mh là dhen Ghearran, 2017. Bhuilich Mór-roinn na h-Albann Nuaidhe maitheanas saor air an Àrd Cheann-Chinnidh Gabriel Sylliboy nach maireann. Maitheanas saor is e a tha ag aithneachadh gun deach dìteadh a dhèanadh a bha ceàrr, air a studaigeadh 'ach ann an suidheachaidhean gu math ainneamh' is e a chomharraich dìreach an darna maitheanas saor a chaidh a bhuileachadh aig mór-roinn na h-Albann Nuaidhe mar urram as deaghaidh bàis. Thuirt Fo-Riaghladair, J.J. Granddach gu robh Sylliboy "an tòir air còirichean-Tùsanaich agus cùmhnaint" is 's e "pròiseas do dh'fhoghlum-cùmhnaint" a bh'aige air a' mhaitheanas, a thug a-staigh, "tuisge agus measadh dhe na chuir na Mi'kmaq ri dealbhadh na mór-roinne is an nàisein seo".

Is luchd-cùmhnaid sinn uile agus tha sinn uile an sàs ann a' seo còmhla ri chèile.

Tha pàirt againn uile ann an réite agus a bhi a' toirt dheagh-bhuaidhean air beathannan nan Tùsanach. 'S ann a-réir na h-ìre anns am bi thu a' dol an sàs, a tha a' phàirt agad. Tha cuid do phàirtean nas gnìomhaiche na càch, ach 's ann cudthromach a tha iad uile.

Faodaidh daoine nach eil 'nan Tùsanaich a bhi 'nan caidreabhaich ri Tùsanaich. 'S e caidreabhach cuideigin a bhios a' toirt taic ri càch is e a bhios a' tagairt air an son. Tha caidreabhachas nas motha na dìreach fulangas – tha e a' ciallachadh a bhi a' bristeadh sìos chnapan-starraidh agus a bhi a' cruthachadh shuidheachaidhean nas fheàrr do chàch. 'S e a bhi 'nad chaidreabhach feumach air gnìomh sòisealta, spionnadh, misneach is irioslachd.

Bidh caidreabhach 'na s(h)easamh a-staigh nuair a bhios feum air gu ionnsachadh do chàch mu fhìrinnean is eachdraidhean dhaoine iomallaichte. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh tu bhi aig cruinneachadh far an abair duine eile rudeigin neo-fhreagarrach air neo e/i a bhios a' dèanadh culaidh-mhagaidh do Thùsanaich. Mar chaidreabhach, chasgadh tu an còmhradh sin gu ionnsachadh càch a tha an làthair.

Tha sinn a' dol a chur prìomhachas a' seo air ciamar a bhios tu 'nad chaidreabhach. Chan eil cead agad a bhi ag ràdhainn gur caidreabhach tu; feumaidh tu sealltuinn gur tu fear/té dhiubh thro na gnìomhan agad. Chan e ceann-uidhe a th'ann an caidreabhas, 's e turas leantainneach, agus aig àmanna, dùbhlanaich.

Mar chaidreabhach bidh thu:

- a' toirt taic ris an strì le rùn
- a' togail do ghuth, fiù's ma bhios an t-eagal ort
- a' tar-aiseag bhuannachdan na sochaire agad ris an fheadhainn aig nach eil móran
- ag aithneachadh nach ann mu'd dhèidhinn a tha an còmhradh

Bidh thu ag aithneachadh cuideachd gur ann aig gach duine a tha còir bunaiteach do dh'urram a' chinne-daonna, mheas, agus do dh'inntrigeadh co-ionnann do ghoireasan.

A bhi 'nad chaidreabhach éifeachdach, bu chòir dhut aithneachadh na sochairean às am faodadh tu buannachdan 'fhaighinn (gun fhiosda dhut). 'S e sochairean iomadh-dhòigheach a th'unnta seo is iad a bhios a' dol bho dhath craiceann neach, ghnè, chlas, co-dhiubh nach e duine air chothrom a th'ann/innte chon a c(h)ùil-chulturaich.

Cho math ri bhi mothachail mu shochair, bi mothachail mu mheanbh-ionnsaighean air neo shuidheachaidhean a bhios a' lagachadh cumhachd bhuidhnean a bh'air am fòirneartachadh mar shuidheachaidhean gràin-chinnidheach, claonadh-gnèitheil, dìtheach, abaltach, air neo claon-bhreith cholonaidheach. Ma bhios tu am fianais air mì-ghnàthachadh sochaire, cuir cuideam air. Le bhi a' toirt an aire air gnìomhan neo-cheart, faodaidh tu stad a chur air feadhainn eile gun bhuannachd 'fhaighinn gun fhios bho leth-bhreith neo-cheart. Chan eil thu airson a bhi ag obair air daoine airson nan sochairean a th'aca gun fhiosda dhaibh, ach a bhi a' gabhail seachas leò thro chòmhradh smaoineachail. 'S e a bhi ag éiridh air conaltradh mu na cùisean seo aon dhe na dòighean as fheàrr gus atharrachadh a dhèanadh is mothachadh a chur am miad mu thaobhadh eagarach is leth-bhreith.

- Bi fiosrach mu ar n-eachdraidh an cumantas le bhi ag ionnsachadh mu Thùsanaich is mu'n cultur.
- Aithnich cinn-chinnidhean Tùsanach is cuir meas air an ùghdarras aca
- Cleachd ri bhi ag éisdeachd gu gnìomhach

Aithnich gu bheil àite ann do dh'aineolas ann an caidreabhas. Tha fìor chaidreabhaich 'gam misneachadh a bhi a' meòrachadh air a' chion-eòlais aca a thaobh iomallachaidh is a bhi 'ga dhlùth-ghabhail. Bu chòir do chaidreabhaich a bhi a' cumail air chuimhne gu bheil iad ag ionnsachadh fhad 's a thèid iad air adhart thro'n phròiseas is iad a tha a' toirt taic ri sluaghan Tùsanaich. Mar chaidreabhach, bidh thu daonnan ag ionnsachadh.

Chan eil gach uile sluagh Tùsanaich 'gad iarraidh mar chaidreabhach. Dh'fhaodadh seo a bhi 'na choltas neo-bhàigheil

do chuideigin a tha a' fiachainn ri bhi taiceil, ach bidh e a' tachairt, agus feumaidh meas a bhi 'ga chur air, fiù 's nuair a bhios tu 'gad mheasadh fhéin mar chaidreabhach leis na rùintean as fheàrr. An àite a bhi ri argamuid is a bhi ri dearbhadh air neach gu bheil thu "leatha/leis", cuir meas air na crìochan aca.

Aig a' cheann thall, chan ann mu dhéidhinn a bhi a' cur thiocan-gnìomha far liosta a tha caidreabhas. 'S e an dòigh a tha thu 'gad ghiùlain is mar a bhios tu ris. 'S e is chiall dha seo a bhi ri féin-mheòrachadh, sgrùdadh nan rùintean agad, agus bruidhinn ri feadhainn 's a' choimhearsnachd gu cunbhalach.

Briathran & Gliocasan


Éildear – Mar bu dual dhaibh, tha Éildearan nas sine ann am bliadhnaichean is iad air a tha meas mór anns a' choimhearsnachd. 'S e seanchaidhean a th'unnta a bhios a' tar-aiseag eòlais eachdraidheil, culturail, agus/air neo traidiseanta o ghlùin gu glùin. Tha an t-eòlas seo luachmhor 's a' cho-theacsa ionadail agus do phròiseasan-co-dhùnaidh.

Cha dèan iad Éildear do dhuine is e/i a tha a' ruigheachd aois shònraichte. Théid inbhe an Éildeir a thoirt do dhuine leis a' choimhearsnachd is tric, cha bhi Éildearan Mì'kmaw iriosal 'gan aithneachadh mar seo.

Dh'fhaodadh Éildearan a bhi a' gabhail a' chinn aig deas-ghnàthan coltach ri deas-ghnàthan smùididh, ùrnaighean tòisich, agus cearcallan-còmhradh. Théid an t-ionnsachadh is a' chomhairle aca a thoirt gu neo-dhìreach thro sgeulachdan, gu cuideachadh càch le stiùireadh is comhairle anns an obair aca.

GLIOCAS: Ged a bhios an cleachdadh 'ga chaochladh bho choimhearsnachd gu coimhearsnachd, bu chòir dhut tombaca air a chòmhdachadh ann an clò dearg a bhuileachadh air Éildear, cho math ri tìodhlac air neo honorarium airson na chuireas iad ris. Cuir meas air Éildearan le bhi a' toirt cuireadh dhaibh a bhi a' bruidhinn an toiseach agus éisd riutha gun casg a chur air an cuid cainnt. Aig céilidhean far am bi biadh ann, 's a' chumantas, bidh Éildearan 'gam frithealadh an toiseach.

A' smùideadh le Cungaidhean-leighis Seunta



An Smùideadh & Cungaidhean-leighis Seunta – 2 cungaidhean-leighis traidiseanta Mi'kmaw a-staigh:

- fiar-Moire gus a' cholann, an inntinn, agus an spiorad a ghlanadh
 - slàn-lus gus cuidhteas 'fhaighinn do rudan-càinidh
 - seudar gus duine a dhìon ré a b(h)eatha
- tombaca deas-ghnàthach, a théid a thairgsinn mar thaing do **Kisu'lkw** (*gee-soolg*) – An Crutheadair

Faodaidh bobhla-smùididh a bhi 'na shlige mhór, 'na chloich, air neo 'na bhobhla-criadha is e a théid a chur gu feum gus cungaidhean-leighis seunta a loisgeadh ré deas-ghnàth smùididh. Faodaidh ceannardan spioradail aon chungaidh-leighis seunta na barrachd a mheasgachadh ri chéile anns a' bhobhla-smùididh, 'gan leigeil a bhi 'gan loisgeadh airson ùine nas fhaide. 'S e slige chluaise-mara a bhios 'na stuth a' bhobhla-smùididh as cumantaiche a chionn 's gum bi a mhiadachd mhór is a thiughad a' cur caisg air ciùrradh dha'n duine a bhios 'ga ghreimeachadh fhad 's a bhios na cungaidhean-leighis 'gan loisgeadh.

Co-dhiubh am bi cungaidhean-leighis 'gan crathadh air an talamh air neo air an loisgeadh ann am bobhla na ann an slige, tha an dithist air an aithneachadh mar "thabhartas". Nuair a théid cungaidhean-leighis a lasadh ré àm na h-ùrnaigheadh, 's e "deas-ghnàth smùididh" a tha sin. Ré deas-ghnàth smùididh, théid an smùid á cungaidhean-leighis a tha 'gan loisgeadh a stiùireadh gu seachd buill shònraichte a' chuirp:

- Sùilean, gu cuideachadh a bhi a' faicinn a' mhaith ann an daoine eile
- Cluasan, gu cuideachadh a bhi a' cluinntinn càch is a bhi ag éisdeachd riutha
- Bial, los gun téid faclan matha a bhruidhinn
- Inntinn, los gum bi smuaintean matha againn
- Casan, los gun lean sinn slighean matha r'ar beò
- An corp iomlan, los gum bi meas againn oirnn fhìn
- Cridhe, los gu fan e glan is e a chuireas meas air a' Chruthaidheachd uile

Théid smùideadh a dheanadh ré an là air neo air an oidhche, agus cho tric 's a tha riantanach.

GLIOCAS: 'S e rud saor-thoileach a th'ann an smùideadh. Cha bu chòir do dhaoine a bhi air an sparradh gu smùideadh idir. Tha e gu buileach cothromach do dhuine a bhi a' leigeil ris do dhaoine nach eil iad airson smùideadh a dhèanadh. Dh'fhaodte gun tagh an duine sin a bhi a' fuireach anns an t-seòmbar agus a bhi a' cumail aige/aice bho'n a bhi a' smùideadh air neo e/i a bhios a' fàgail an t-seòmbar ré an smùididh. 'S e meas do ghach duine a bhios ann am prìomh stiùiridh ann an traidisean Tùsanach sam bith.


Spliùcanan Cungaidhe-leighise – Tha iad seo air an cur gu feum airson rudan a ghiùlain a chuidicheas a bhi a' cruthachadh ceangal spioradal ri Kisu'lkw, coltach ri ìte iolaire, bobhla-smùididh, cungaidhean-leighis naomha, ìnean na fiacalan beòthaich, pìob sheunta agus/air neo drumma làimhe – 'nan rudan uile a théid a chur gu feum ré deas-ghnàith. 'S e tìodhlacan bho dheas-ghnàth na bho fhroilig a th'ann am feadhainn dhe na rudan, is 's e rudan a chruinnich an duine a th' ann an fheadhainn eile.

Dh'fhaodadh spliùcan cungaidhe-leighise a bhi 'ga thòiseachadh mar phoca beag na spliùcan is e a bhios a' fàs cho fada a théid rudan a chruinneachadh air feadh beatha dhuine.

Coltach ri cungaidhean-leighis seunta, théid spliùcanan a chumail ann an àite dìomhair is iad nach bi air an toirt a-mach ach ré àmanna deas-ghnàthaich.

GLIOCAS: Na bean do spliùcan cungaidhe-leighise is na làimhsich e ach ma théid iarraidh ort air neo ma théid fàilte a chur ort seo a dhèanadh.

Taigh-Falluis – 'S e cuach-mhullach 'na chruth a th'anns an structur seo, glé choltach ri wigwam, ach le mullach cruinn. Bidh deas-ghnàth an Taigh-fhalluise a' toirt a-staigh dhaoine is iad a bhios a' tighinn cruinn còmhla ann an taigh-falluis airson ùrnaigh a ghabhail air neo fallus a chur dhiubh ri Kisu'lkw airson leighis, ionnsachaidh, agus stiùiridh. Bidh gléidheadair an taigh-fhalluise a' stiùireadh gach duine ro', ré is as deaghaidh deas-g(h)nà(i)th. Dh'fhaodadh deas-ghnàthan an taigh-fhalluise a bhi diofrach gach turas; dh'fhaodadh gléidheadairean an taigh-fhalluise a bhi a' smùideadh, ag ùrnaigh, a' seinn, a' canntaireachd, air neo a bhi ris an druma ann an dòighean diofrach o chàch a chéile. Le bhi a' foighneachd an rachadh an dorust 'fhosgladh, faodaidh tu an taigh 'fhàgail gu sìmplidh uair sam bith. Uaireannan, bidh daoine a' dol a-staigh dha'n taigh airson nan adhbaran ceàrr, is ma tha na spioradan airson gu fàg an duine sin, cha téid sparradh air/oirre a bhi a' fuireach ann. Faodaidh iad a bhi a' gabhail an sàs anns an taigh-fhalluis is iad a bhios 'nan suidhe air leth a-muigh an taighe is iad a bhios a' cur ris a' chearcall air an leth a-staigh le bhi a' gabhail ùrnaighean is a' tairgsinn an lùtha.




GLIOCAS: Cuir an t-urram air an deas-ghnàth is na bi a' bruidhinn air fheadh.

Teine-éiginn – Théid teine-éiginn a loisgeadh fad ceithir là agus ceithir oidhche, ach dh'fhaodadh seo a bhi 'ga chaochladh cuideachd. Tha teintean a mhaireas fad là glé chumanta. Théid teintean nach mair glé fhada a loisgeadh airson duine shònraichte air neo suidheachaidh.

GLIOCAS: Na tog dealbhan aig an teine-éiginn.

Drumaichean – 'S e rud seun is measail a th'anns an druma a-miosg iomadh coimhearsnachd Thùsanach, is iad sin a' toirt a-staigh nam Mi'kmaq. Dha na Tùsanaich, bidh an druma 'ga riochdachadh buille cridhe uile-choitcheann Cailleach na Cruinne. Ann am Mi'kmaq'i théid drumaichean a dhèanadh air stuthan air an trusadh o'n talamh. Bidh seo a' toirt a-staigh fiodh á craobhan spruise is seudair agus peallag á moose is féidh.



'S ann leis an duine a rinn e, a rinn iomlaid air a shon, dha'n deach a thoirt mar thiodhlac air neo a ghabh ùrnaigh air a shon a-mhàin a tha an druma. Chan e sealbh na coimhearsnachd a th'ann ach ma tha sin 'na dhearbh rùn. Ma 's ann le neach a tha an druma, an uair sin feumaidh cead a bhi air a thoirt bho'n neach sin do dhuine eile fiù's a bhi 'ga beantainn is móran nas lugha na sin a bhi 'ga chluich.

GLIOCAS: Cuir an t-urram air an druma daonnan.

Òran-urraim nam Mi'kmaq – 'S ann mu dhéidhinn leighis a tha Òran-urraim nam Mi'kmaq. Bha Seòras MacPhòil, na sheinneadair agus 'na bhàrd, á Metepenagiag, Bronsuic Nuadh aig cruinneachadh do choimhearsnachdan Tùsanach ann an Regina. Choimhead e air riochdairean á diofar Chiad-Nàiseanan is iad a bha a' gabhail dannsa na òran an cuid nàisein; cha robh taisbeantas ann fhad 's a chaidh aithne a chur dha na Mi'kmaq ged tà. Dh'fhàg Seòras an deas-ghnàth a' faireachdainn an fheuma a bhi a' toirt rudeigin air ais dha'n Nàisean Mhi'kmaw. Fhuair e an t-Òran-urraim ré deas-ghnàth taigh an fhalluise anns na 1980an. Tha e a-nist 'na laoidh nàiseanta dha na Mi'kmaq agus e a bhios 'ga chluich aig na Powwowan, deas-ghnàthan, sgoiltean agus tachartasan air feadh Mhi'kma'ki.

Nuair a thig seinneadairean chon an druma gus toiseach a chur air seinn ionnsachadh, 's e seo a' chiad òran a théid ionnsachadh dhaibh.

Òran-urraim nam Mi'kmaq

*Kepmite'tmnej ta'n teli l'nuwulti'kw,
Ni'kma'jtut ke' mawita'nej
Gep-me-day-dum-min-age Dahn Deli Ulnoo-deeg,
Knee-kem-mudge-doot gay Maui-dah-nej.
Leigeamuid meas a chur air a chéile mar shluagh,
Nuair a thig sinn cruinn còmhla.*

*Kepmite'tmnej ta'n wettapeksulti'k
Ni'kma'jtut ke' apoqmatultinej.
Gep-me-day-dum-min-age Dahn
Wed-da-beck-sool-deeg,
Ne-kem-mudge-doot Gay
Ah-bun-na-mah-dul-din-age.
Leigeamuid meas a chur air an
àite ás a bheil sinn a' tighinn,
Bu chòir dhuinn cuideachadh le chéile a chaoidh.*

*Ke' Apoqmatultinej ta'n
Kisu'lkw teli ika'luksi'kw, wla wskitqamu'k.
Gay Ah-bun-na-mah-dul-din-age Dahn
Gee-soolk Deli Ee-gah-look-see, Ula Sit-gum-mook.
Leigeamuid cuideachadh a chéile
mar bu dual dha'n chruthaichear,
Nuair a chaidh sinn a chur air a' Chruinne-Ché.
Way-Ya-Hey-Yo (vocables)*

GLIOCAS: Na clàr taisbeantasan dhen òran gun chead.

Ìte Iolaire – Tha na Mi'kmaq 'ga measadh na h-iolaire mar an ian as cumhachdaiche 's an speur. Ás na h-eòin uile, bidh an iolair a' faighinn as teinne air Kisu'lkw is i a bhios a' cuideachadh a bhi a' giùlain ùrnaighean gu saoghal nan spiorad. 'S e sin an t-adhbhar gu bheil ciall mhór chulturail is spioradail aig na h-ìtean iolaire.

* Cha chòir do chron a bhi air a dhèanadh air na h-iolairean air sàilleabh an ìtean.

**'S e urram mór a th'ann a bhi a' faighinn ìte iolaire.
Tha ìtean iolaire air an toirt do chuideigin airson:**

- obair am beatha
- na gnìomhan brìghmhor a rinn iad
- an tuigse dhomhann do theagasgan culturail aithneachadh

Bidh grunn do roinntean Canéideanach, a' toirt a-staigh Albann Nuaidh, 'gan ceadachadh duine ite a chur gu feum naur a théid e/i air mhionnan.

GLIOCAS: Na bean ìte iolaire dhuine eile gun chead.

Mawio'mi – 'S e **Mawio'mi** (*mawy-oh-me*) am briathar Mi'kmaw airson pow wow. 'S e deas-ghnàth a mhaireas fad dà là is e a bhios ann air ceann seachdain is e a tha fosgailte do dhuine sam bith a tha airson ionnsachadh mu chultur nan Ciad Nàiseanan. Dh'fhaodadh dannsadh, drumaireachd, seinn, agus deas-ghnàth a bhi ann, coltach ris an teine-éiginn agus ri smùideadh. Théid bùthan a chur suas airson reiceadairean bìdh agus luchd-ciùird gus an ealain agus ceàirdean a reic. Bidh cuid dhen luchd-ciùird 'gan taisbeanadh, fhad 's a ghabhas dannsairean agus drumairean an sàs anns an t-subhachas. 'S ann 's na tachartasan seo àm gu tighinn cruinn còmhla ri teaghlach, càirdean agus gus coimhearsnachd is cultur a chumail suas.

'S e a bhi a' toirt urram do bheatha a th'ann an danrsa traidiseanta nam Mi'kmaw, agus bidh gach danrsa ag innseadh sgeulachd. Tha mórán danrsaichean diofrach ann, a' toirt a-staigh danrsa:

- kouja
- àrd-nòsach
- traidiseanta
- dionga
- guailleachain
- feòir

Bidh a' mhórchuid dhe na danrsairean traidiseanta a' cosg éideadh a bh'air an dèanadh gu briagha air an son gu sònraichte. Tha an t-éideadh uile sònraichte is e a dh'inneas sgeulachd mu thuras danrsaidh an duine a bhios 'gan cosg is eachdraidh a t(h)eaghlaich (coltach ris na fineachdan, dathan aca, msaa). Faodaidh an dealbhadh a bhi a' toirt a-staigh ghriogagan, ìtean, ribeannan, air neo rudan eile gus eachdraidh phearsanta an danrsair innseadh.

Chan e culaidhean a th'ann an **éididhean** —'s e ceangailichean spioradail ri **Kisu'lkw** a th'unnta is iad a théid an cosg gus meas a shealltuinn ré deas-ghàthan. Uaireannan, 's e "trusgan" a bhios aca orra.



'S e àite far am bi fàilte is furan a th'ann am Mawio'mi'l, is 's e seo a nì cinnteach gum bi e 'na ghnàth-eòlas air leth dha'n a h-uile duine.

GLIOCAS: Bheir an aire air beusachd Mhawio'mi. Dh'fhaodadh comharran-treòrachaidh a bhi 'gan caochladh eadar mór-roinntean is roinntean. Mar sin, ma tha thu neo-chinnteach mu dhéidhinn dhùilean, bruidhinn ri fear an taighe, stiùiriche na làraiche, air neo comataidh; bidh iad toilichte ceistean a fhreagairt.

Beusachd Mhawio'mi an Cumantas:

- Thig ris a' mhionaid
- Bi air d'éideadh is beusach ann an dòighean freagarracha is modhail
- Cuimhnich gun téid beingeannan na làraich a ghléidheadh do dhannsairean is théid beagan do bheingeanan a ghléidheadh do dh'Éildearan ('s e deagh bheachd a bhi a' toirt leat an séidhir-lionaige agad fhéin)
- Bi coibhneil is mothachail dhen fheadhainn a bhios mun cuairt ort
- Beachdaich air a bhi a' tabhairt gus urram is taic a thoirt ris na cosgaisean dhe na tachartasan seo is iad a tha neo-phrothaideach mar bu dual
- Tha drugaichean is stuth làidir fo thoirmeasg
- Foighneachd mun tog thu dealbhan aig a' Mhawio'mi
- Na bean do shuaicheantasan dannsair gun chead

Tùsanaich Bhailteil – Ann an 2016, cha mhór nach robh 900,000 Tùsanach a' fuireach ann an ceàrn nan bailteil. Bidh Tùsanaich a' fuireach ann am bailtean móra is beaga airson caochladh adhbaran a' toirt a-staigh chothroman-obrach is foghlaim.

GLIOCAS: Cuimhnich gu bheil bailtean móra is beaga ri'm faighinn air tìrean Tùsanach fhathast. Chan ann "nas lugha a thaobh féin-aithne Tùsanaich" a tha Tùsanach a chionn 's gum bi iad a' fuireach ann an ceàrn bailteil.

Faclan is Abairtean Mi'kmaq a 'S urrainn Dhut Ionnsachadh

A' Ghàidhlig	Mi'kmaq	Fuaim-eòlach
'S e ___ an t-ainm a th'orm.	Teluisi	Del-lu-we-see
Dé 'n t-ainm a th'ort?	Taluisin	Dahl-lou-wii-sin
Dé 'n t-ainm a th'air/oirre?	Taluisit	Dahl-lou-wii-sit
Haidh	Kwe'	Gway
'S ann á/ás ____ a thàinig mi.	Wetapeksi	Weda-bek-see
'S ann á/ás ____ a tha mi.	Tleyawi	De-lay-wii
Fàilte	Pjila'si	Ji-lah-see
Iolair	Kitpu	Git-boo
Caraid	Nitap	Nee-dap
Tapadh leat.	Wela'lin	Well-la-lin
Tapadh leibh uile.	Wela'liog	Well-la-lee-oq
Chì mi a-rithist thu.	Nmu'ltes	Neh-mull-dess
Pow Wow / Aonach	Mawio'mi	Mawy-oh-me

Ag aithneachadh Tìr Thraidiseanta nam Mi'kmaq ann an Albainn Nuaidh

Tha aithneachaidhean tìre air a bhi 'gan cleachdadh fad is farsuing airson iomadh buidheann is riaghaltas ann an Albainn Nuaidh. 'S e unnta dòigh airson na chuir is na chuireas L'nu'k, (Mi'kmaq), na Tùsanaich ann am Mi'kma'ki ris an àm a dh'aom, ris an là an-diugh is ris an àm a thig aithneachadh is onarachadh.

Ged a dh'fhaodadh aithneachadh is fàilte t(h)ìre a bhi 'na nì ùr dha'n fheadhainn nach eil 'nan Tùsanaich, tha Tùsanaich air a bhi a' gabhail an sàs anns a' chleachdadh seo fad linntean. Ged a tha culturán ioma-dhòigheach aig na Tùsanaich, tha ceangal grunn-dail ris an tìr aca uile.

'S ann bu dual tuilleadh dhut fhéin aithneachadh mar thadhlaiche dha'n cheàrn air nach do ghabh thu cùram. Mura robh ceanglaichean teaghlaich ann an àite, bhiodh coinneamhan ann còmhla ris a' cheannardas los gum b'urrainn dha'n tadhlaiche a chompàirteachadh nan rùintean aige/aice.

'S an là an-diugh, 's e a bhi ag aithneachadh tìr thraidiseanta 'na dhòigh a bhi a' cur meas is urram air a' chàirdeas Chùmhnaint chompàirtichte againn. 'S e ceum cudthromach a dh'ionnsaidh réite a th'ann. Chan eil e 'na rùn a bhi a' cruthachadh dhleastanasan laghail ceanglach air neo a bhi ag aithneachadh agartasan.

'S ann bun-stéidheachail a tha rùn, fìrinneas, is tuigse dhen eachdraidh an cumantas againn ann a bhi a' leasachadh aithneachadh tìre. Dh'fhaodadh aithneachaidhean tìre a bhi 'gan caochladh a thaobh an leasachaidh is libhrigidh. 'S e is ciall dhaibh a bhi pearsanta is brìghmhor. Dh'fhaodadh buidhnean is stéidheachdan a bhi a' meòrachadh gu coitchinne air leasachadh agus faclan nan aithneachaidhean tìre ris an gabh iad.

Ged is cudthromach is freagarrach 's a tha aithneachaidhean tìre, bheir an aire a bhi a' dèanadh cinnteach nach eil an aithneachadh tìre agad 'na chleas air neo 'na nì a théid a chur ri chéile gu sìmplidh gus tioc a chur air bogsa do ghniomhan riantanach. Tha e cudthromach nach téid rùn aithneachadh tìre air chall le bhi 'ga dhoilleireachadh. Uaireannan 's e an nì as sìmplidhe an nì as éifeachdaiche. Bi cuimhneachail air na rùintean agad daonnan.

Dé 'n diofar eadar aithneachadh is fàilte t(h)ìre?

- 'S e am fàilte thìre rudeigin a dh'fhaodadh Tùsanach dèanadh nuair bhios e/i air an tìr dhùthchasaich aige/aice gus fàilte a chur air tadhlaidhean.
- 'S e an aithneachadh tìre rudeigin a dh'fhaodadh duine nach eil 'na T(h)ùsanach air neo Tùsanach a tha air chéilidh a dhèanadh.

Có a dh'fhaodadh tìr Mhi'kmaw aithneachadh?

Có a dh'fhaodadh fàilte a chur?

- Bu chòir do dhuine Mi'kmaq fàilte a chur air càch gu Mi'kma'ki, an tìr dhùthchasach aca.
- Dh'fhaodadh òraidichean eile uile a thaghadh a bhi ag aithneachadh gur i Alba Nuadh tìr dhùthchasach Mhi'kmaw.

Cuin' a tha aithneachaidhean is fàilte t(h)ìre freagarrach?

- Gu h-àbhaisteach, 's e aithneachaidhean tìre a tha 'nan ciad nìthean ré cruinneachaidh, air neo aig toiseach òraide, tachartais, air neo taisbeanaidh.
- Ged nach eil riaghailt suidhichte ann, dh'fhaodadh aithneachadh tìre a bhi air a thairgsinn, ma bhios daoine ann o thaobh a-muigh na buidhne agad.

Carson am bu chòir dhuinn tìr dhùthchasach Mhi'kmaw aithneachadh?

- Thèid aithneachadh tìre brìghmhor a thairgsinn le rùn, fìrinneas agus tuigse dhen chàirdeas Chùmhnaint, agus e a bhios a' cur prìomhachas air meas is càirdeas.
- Tha e 'na dhòigh a bhi ag aithneachadh na fìrinne dhen eachdraidh an cumantas againn, fhad 's a bhios e a' tairgsinn gealladh gu coiseachd air slighe na réite.
- Tha e 'na dhòigh a bhi a' cur an t-sluaigh-ghairme "Is Luchd-Cùmhnaint Sinn Uile" an céill is a bhi ag aithneachadh gu bheil ar càirdeas stéidhichte air sìth agus càirdeas.

Dé na h-àmannan a dh'fhaodadh tìr dhùthchasach Mhi'kmaw a bhi 'ga h-aithneachadh?

- Gu h-àbhaisteach, bidh aithneachadh 'na chiad nì aig tachartasan poblacha, m.e., bùthan-obrach poblacha, co-labhairtean, air neo deas-ghnàthan, air neo aig toiseach òraide na taisbeanaidh fhoirmeile.
- Cho luath is thèid aithneachadh air neo fàilte t(h)ìre a dhèanadh, dh'fhaodte nach bi feum ann do ghach uile òraidiche eile a bhi 'ga leanaid.
- Dh'fhaodte nach bi feum air aithneachaidhean tìre anns gach suidheachadh. Mar eisimpleir, chan eil iad 'nam pàirtean dualach do chruinneachaidhean, choinneamhan, air neo threànadh cunbhalach bho là gu là.

Dé na h-àmannan a dh'fhaodadh fàilte tìre a bhi freagarrach?

- Airson tachartasan nas motha, dh'fhaodadh fàilte a bhi air a chur air Éildear Mì'kmaw (air neo ball na coimhearsnachd) gus faclan tùsail a thairgsinn is gus fàilte, ùrnaigh, òran agus/air neo smeuradh a chompairteachadh



Kwe' Nitap, *Sin thu/sibh,* *a Charaid*

(G-way Nee-dup)


Chan eil e 'na rùn dha'n iùl seo a bhi 'na h-uile nì dha na h-uileadh. Chaidh a dhèanadh thro cho-obrachadh le Mi'kmaq is caidreabhaich a tha an sàs ann an foghlum-cùmhnaint is e a bhi 'ga chur gu feum mar thoiseach tòiseachaidh airson ionnsachadh is tuigse culturail.

Gus tuilleadh ionnsachadh, dèan tadhal air:

novascotia.ca/treaty-education

Dèan lorg oirnn air Làrach nan Aodann:

Treaty Education Nova Scotia



NOVA SCOTIA